STORYWORLDS

# Am Bonnach Mòr



Air ath-innse le Diana Bentley • Na dealbhan le Paula Martyr



## A' cleachdadh an leabhair seo

Tha an leabhar seo airson gum bi inbhich agus clann ga leughadh còmhladh.
Bidh an t-inbheach a' leughadh an stòraidh gu lèir agus a' misneachadh na cloinne gu leughadh an seantans a th' anns a' bhuilgean. Mar seo gheibh a' chlann an taic air a bheil iad a' cur feum aig a' chiad ìre leughaidh.



Uair bha siud bha seachdnar bhalach bheaga ann.
Bha an t-acras orra daonnan.
Aon là rinn Mamaidh bonnach mòr.
"O math! Tha an t-acras oirnn," thuirt na balaich bheaga.
"Ithidh sinn am bonnach."
"O chan ith," thuirt am bonnach.
"Tha mise dol a ruith air falbh."



Leum am bonnach às a' phana
agus ruith e a-mach air an doras.
"Stad!" thuirt Mamaidh.
Agus thuirt na balaich bheaga,







Roilig am bonnach sìos an rathad.

Ruith Mamaidh agus na balaich bheaga às a dhèidh.

"Stad!" thuirt Mamaidh.

Agus thuirt na balaich bheaga,





n chunnaic each am bonnach.
uirt an t-each, “ithidh mise thu.”
” thuirt am bonnach.
dol a ruith air falbh,” agus roilig
athad.
uirt an t-each.
uirt Mamaidh.
na balaich bheaga,



An uair sin chunnaic cù am bonnach.
"Stad!" thuirt an cù, "ithidh mise thu."
"Chan ith," thuirt am bonnach.
"Tha mise dol a ruith air falbh,"
agus roilig e sìos an rathad.
"Stad!" thuirt an cù.
"Stad!" thuirt an t-each.
"Stad!" thuirt Mamaidh.
Agus thuirt na balaich bheaga,







An uair sin chunnaic cat am bonnach.
"Stad!" thuirt an cat, "ithidh mise thu."
"Chan ith," thuirt am bonnach.
"Tha mise dol a ruith air falbh,"
agus roilig e sìos an rathad.
"Stad!" thuirt an cat.
"Stad!" thuirt an cù.
"Stad!" thuirt an t-each.
"Stad!" thuirt Mamaidh,
agus thuirt na balaich bheaga,





An uair sin chunnaic sionnach am bonnach.
“Stad!” thuirt an sionnach.
“O-o,” thuirt am bonnach.
“O-o,” thuirt an cat agus an cù agus an t-each agus Mamaidh agus na balaich bheaga.
Thilg an sionnach am bonnach suas agus dh’ith e am bonnach.
Thuirt an sionnach,






Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

© Diana Bentley
A’ chiad fhoillseachadh 1996

Am foillseachadh seo anns a’ Ghàidhlig 1999
le PRG/Acair

© na Gàidhlig PRG

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho PRG • Acair.

Clò-bhuailte le Scotprint, Dùn Eideann.
LAGE/ISBN 0 86152 277 X